

prhp

STIÙIREADH Eadar-mheadhain

RR Donnelley
B52684 (Gaelic)

CLÀR-INNSE

Leig le eadar-mheadhan drochaid a thogail	2
Ciamar a dh'fhaodas eadar-mheadhan cuideachadh?	3
An cuidich eadar-mheadhan gus an trioblaid agam a chur ceart?	4
An aontaich an neach eile ris?	4
Dè bhios a' tachairt?	5
Nach bu chòir dhomh rudan a dhèanamh gu foirmeil?	6
Am bi eadar-mheadhan ag obair an còmhnaidh?	7
Mar a chuireas tu fios thugainn	8

DUILGHEADASAN LE BHITH
A' CÀRADH AGUS A' CUMAIL
SUAS A' GHABHALTAIS AGAD?

LEIG LE EADAR-MHEADHAN
DROCHAID A THOGAIL

Gach bliadhna ann an Alba, bidh uachdarain agus luchd-gabhail a' rèiteach iomadh duilgheadas gu luath agus ann an dòigh chàirdeil. Uaireannan ge-tà, bidh suidheachaidhean a' tighinn am bàrr far a bheil e nas duilghe aonta a ruighinn. Is urrainn don Phannal airson Taigheadas Fastaichte Prìobhaideach riaghladh a dhèanamh mu co-dhiùbh a tha uachdaran air fàilligeadh ann a bhith a' coileanadh an dleastanais, ach glè thric tha e nas fhasa agus nas fheàrr ma thèid rudan a rèiteach air dòigh eile – dòigh ris an aontaich gach neach. Is e eadar-mheadhan an t-ainm a tha air a' phròiseas seo, agus tha e luath, neo-fhoirmeil agus furasta a chleachdadh.

CIAMAR A DH'FHAODAS EADAR-MHEADHAN CUIDEACHADH?

Is e dòigh a tha ann an eadar-mheadhan gus easaontaidhean a rèiteach gu neo-fhoirmeil, gun a' chosgais, an ùine agus an droch fhaireachdainn a tha gu tric an lùib imeachdan foirmeil.

Tha eadar-mheadhan pragtaigeach, dìomhair, luath agus an-asgaidh.

Tha eadar-mheadhan gu tric a' cuideachadh gus iomadh seòrsa duilgheadas eadar dhaoine a rèiteach, bho easaontaidhean beaga gu fìor dhroch aimhritean a tha a' dol air adhart airson ùine mhòr.

Tha eadar-mheadhanairean gun lethbhreith, 's tha trèanadh agus sgilean aca gus talamh a bhuineas do gach taobh a lorg fiù's anns na suidheachaidhean as duilghe.

AN CUIDICH EADAR-MHEADHAN GUS AN TRIOBLAID AGAM A CHUR CEART?

Tha dòchas math ann gun cuidich. Tha eadar-mheadhanairean toilichte còmhradh a chumail mun chuid as motha de chùisean a thig am bàrr eadar uachdarain agus luchd-gabhail, agus gheibh thu an cothrom do bheachd fhèin a mhìneachadh gu h-iomlan, a bharrachd air beachd an neach eile a chluinntinn. Tha eadar-mheadhan ag amas air freagairt a lorg ris an aontaich a h-uile duine.

AN AONTAICH AN NEACH EILE RIS?

Mas e neach-gabhail a tha annad chan fheum thu ach dìreach tiog a chur don bhogsa “eadar-mheadhain” air an tagradh agad don Phannal airson Taigheadas Fastaichte Priobhaideach. Thèid fios a chur an uair sin chun an uachdarain agad, ag innse gu bheil thu airson cùisean a rèiteach tro eadar-mheadhan, agus thèid foighneachd dhaibh co-dhiùbh a tha iad ag aontachadh. Glè thrìc, tha an dà thaobh toilichte eadar-mheadhan a chleachdadh seach a dhol gu èisteachd fhoirmeil. Tha seo air sgàth 's gu bheil eadar-mheadhan math air fuasglaidhean a lorg a tha freagarrach don a h-uile duine.

Mas e uachdaran a tha annad cha tèid iarraidh ort beachdachadh air eadar-mheadhan mur eil an neach-gabhail air aontachadh ris mar-thà. Tha seo air sgàth 's gur e an neach-gabhail a chuir a-steach an tagradh sa chiad dol a-mach, agus tha eadar-mheadhan a' cur feum air compàirteachadh bhon dà thaobh.

DÈ BHIOS A' TACHAIRT?

Ma dh'aontaicheas sibh le chèile, agus ma tha coltas ann gun tig fuasgladh às eadar-mheadhan, thèid ceann-là agus àite a shuidheachadh airson na coinnimh.

An toiseach, chì na h-eadar-mheadhanairean an dà thaobh fa leth gus bruidhinn mun t-suidheachadh. Tha sgilean aig na h-eadar-mheadhanairean gus nithean a lorg a tha cudromach don dà thaobh, agus gus cuideachadh le bhith a' lorg slighean air adhart.

Le aonta an dà thaoibh, coinnichidh a h-uile duine an uair sin. Tha coinneamhan eadar-mheadhain air an cur air dòigh airson 's gu bheil cothrom aig gach neach am beachd a chur air adhart, agus is e dreuchd nan eadar-mheadhanairean dèanamh cinnteach gun tèid a h-uile càil air adhart gu rèidh. Tha naoi anns gach deich de choinneamhan eadar-mheadhain a' crìochnachadh le aonta air a ruighinn.

Ma tha adhbharan sònraichte ann nach urrainn do dhaoine coinneachadh gu pearsanta, uaireannan is urrainn do dh'eadar-mheadhanairean obrachadh còmhla ri daoine gus na duilgheadasan aca a rèiteach às aonais coinneamh.

NACH BU CHÒIR DHOMH RUDAN A DHÈANAMH GU FOIRMEIL?

Chan eil fuasglaidhean foirmeil an còmhnaidh freagarrach airson gach easaonta. Faodaidh seo a bhith air sgàth nach eil laghan agus riaghailtean soilleir mun dearbh shuidheachadh agad, no nach eil iad a' buntainn ris, seach gu bheil e doirbh fianais a thoirt seachad airson taobh seach taobh, no dìreach seach gum bi an suidheachadh nas miosa ma bhios aon taobh “a’ buannachadh” agus aon taobh “a’ call”. Is ann air an adhbhar seo a tha eadar-mheadhan ag obair cho math – tha e a’ tabhann fuasglaidhean airson an ama ri teachd, a bhios a’ freagairt air gach neach a tha an sàs, agus glè thrì obrachidh seo far a bheil dòighean-làimhseachaidh eile air fàilligeadh. Is ann air an adhbhar seo a tha raon farsaing de bhuidhnean poblach a’ moladh gun cleachd daoine eadar-mheadhan.

AM BI EADAR-MHEADHAN AG OBAIR AN CÒMHNAIDH?

Coltach ris gach dòigh eile gus easaontaidhean a rèiteach, chan eil barrantas ann gum bi an t-eadar-mheadhan soirbheachail. Fiù's ged nach obraicheadh eadar-mheadhan, dh'fhaodadh tu fhathast dòigh-làimhseachaidh eile fheuchainn, agus bidh cothrom ann fhathast gum beachdaich Comataidh a' Phannail airson Taigheadas Fastaichte Prìobhaideach air an tagradh agad, dìreach mar nach biodh tu riamh air eadar-mheadhan fheuchainn.

MAR A CHUIREAS TU FIOS THUGAINN

Ma tha thu ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh
mun t-seirbheis eadar-mheadhain againn, cuir fios thugainn
aig an t-seòladh a leanas:

Am Pannal airson Taigheadas Fastaichte Prìobhaideach
3mh Ùrlar
140 Sràid Chaimbeul an Iar
Glaschu G2 4TZ

Fòn: 0141 572 1170

Facs: 0141 572 1171

www.prhpscotland.gov.uk